

**BÒRD NA GÀIDHLIG**  
**Geàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh**  
**Diciadain 05/12/2018 12.30 – 17.00**  
**HIORT, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis**

**Buill a bha an làthair:**

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) **(AD)**  
Ailean Caimbeul **(AC)**  
Dòmhnall MacLeòid **(DML)**  
Dòmhnall MacSuain (fòn) **(DMS)**  
Fiona Dunn **(FD)**  
Jennifer Gilmour **(JG)**  
Johan Nic a' Ghobhainn **(JNG)**  
Joy Dunlop **(JD)**  
Màiri T NicAonghais **(MNA)**  
Màiri Anna NicUalraig **(MNU)**  
Seumas Whannel **(SW)**

**A' Frithealadh:**

Shona NicIlinnein, Ceannard **(SNI)**  
Daibhidh Boag **(DB)**  
Alasdair MacFhionghuin **(AMF)**  
Louise NicIleathain (*Pàipear 1*)  
Steven Kellow (*Pàipear 4*)  
Cairistiona Stiùbhart (clàradh)  
**Neach-amhairc:**  
Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba **(DA)**

**1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH & GEÀRR-CHUNNTAS**

**1.1. Fàilte is Leisgeulan**

Chuir an Cathraiche fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneimh. Cha robh leisgeulan ann.

**1.2. A' nochdadh chom-pàirtean**

DMS - 2 PT2: Colaisde a' Chaisteil  
JG - 2 PT3 Comhairle Baile Dhùn Èideann  
Com-pàirt ann am Pàipear 4 air a chlàradh gu h-ìosal aig Puing 3.

**1.3. Geàrr-chunntasan agus Clàr Ghnìomhan**

Ann an Geàrr-chunntas 12-09-18 aig 3.1 am facal "puingean" atharrachadh gu "puing".  
Ann an Geàrr-chunntas 24-09-18 an t-ainm aig Jennifer Gilmour a thoirt bho na bha an làthair agus aig Gnìomh 2.1 "Glasgow Life" atharrachadh gu "Glaschu Beò".  
Leis na h-atharraichean sin dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris na geàrr-chunntasan airson coinneamh a' Bhùird a chaidh a chumail air 5 is 6 Ògmhios 2018.

**Gnìomhan:**

- Ann an Geàrr-chunntas 12-09-18 aig 3.1 am facal "puingean" atharrachadh gu "puing".
- Ann an Geàrr-chunntas 24-09-18 an t-ainm aig Jennifer Gilmour a thoirt bho na bha an làthair agus aig Gnìomh 2.1 "Glasgow Life" atharrachadh gu "Glaschu Beò"

**1.4. Cùisean a thog ceann bhon choinneimh sin nach eil fo phuing eile den chlàr-ghnothaich**

Thug an Ceannard geàrr-iomradh air an adhartas a tha air a bhith ann le cùisean bhon choinneimh mu dheireadh. Cha deach pàipear ro-innleachd adhartais airson nan 5 buidhnean a chaidh a stèidheachadh am Peairt san Lùnastal ullachadh fhathast ach bha adhartas air a bhith ann.

Tha BnG air a bhith ag obair gu dlùth le Iomairt na Gàidhealtachd agus le Sgìlean Leasachaidh na h-Alba air plana airson an eaconamaidh agus dreuchdan Gàidhlig agus tha plana soilleir aca air sin. Cuideachd, tha Gillian Campbell-Thow agus an t-Oifigear Leasachaidh (Tidsearan) air a bhith ann an còmhraidhean le Sgìlean Leasachaidh na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba. Tha an Riaghaltas air coinneamh a chur air dòigh an Dùn Èideann air 17mh Faoilleach 2019 gu tomhas fhaighinn air adhartas thuige seo.

Thuirt DA gun robh e an dùil sgrìobhadh gun fheadhainn a bha os cionn gach buidheann gus mìneachadh dhaibh an seòrsa fios a bhathar an dùil fhaighinn.

Dh'iarr na Buill gum biodh aithisg adhartais mun coinneimh aig Coinneamh a' Bhùird sa Ghearran.

Dh'innis an Cathraiche gun robh an Eaglais Chaitligeach ag iarraidh cothrom co-obrachadh le Eaglaisean eile agus gun robh iad airson coinneachadh le riochdaire bho BnG. Tha Eaglais na h-Alba cuideachd ag iarraidh co-obrachadh le eaglaisean eile.

#### **GNÌOMHAN:**

- Ceannard ri aithisg adhartais air "Adhartas nas Luaithe" ullachadh airson Coinneamh a' Bhùird sa Ghearran 2019
- Còmhradh a chumail le Easbaig Earra-Ghàidheal is nan Eilean mu cho-obrachadh san Eaglais Chaitligeach.

### **1.5 Clàradh chuspairean a tha ri thogail fo GISBE**

Taghadh Ceannard eadar-amail

### **2.0 PLANAICHEAN GÀIDHLIG (Pàipear 1)**

LNI a-staigh

#### **PT1: Amasan Àrd-ìre Coimisean Fearainn an h-Alba**

Thug LNI geàrr-iomradh air a' phròiseas thuige seo leis na h-amasan àrd-ìre. Tha a' bhuidheann seo an sàs ann a bhith a' dèanamh lèirmheas air poileasaidhean agus laghan cleachdadh fearainn ann an Alba. Dh'innis i gun robh iad taiceil dhan Ghàidhlig, le Gàidhlig a' nochdadh air an làrach-lìn aca agus gun robh fìor dheagh phlana aca.

**Ghabh** na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

Dh'fhàg MNA/DMS a' choinneamh

#### **PT2: Dreachd de phlana Gàidhlig: Colaisde a' Chaisteil (Cuairt 2)**

Thug LNI beagan iomraidh air a' phlana agus thog i air an adhartas a thaobh inbhe na Gàidhlig air an làrach-lìn agus cuideachd air a' chonaltradh leis na h-oileanaich. Thog na Buill gum biodh e feumail nuair a tha trèanadh a' dol sa Cholaisde airson luchd-obrach gum biodh e air fhosgladh a-mach gu buidhnean eile sa choimhearsnachd. Cuideachd, bha iad a' coimhead airson barrachd fianais gun robh co-obrachadh a' dol air adhart le Oilthigh na Gàidhealtachd agus Sabhal Mòr Ostaig. Togaidh LNI na puingeann sin leis a' Cholaisde.

**Ghabh** na Buill ris a' Phlana.

Mhol an Ceannard do na Buill gun tigeadh riochdaire bho Oilthigh na Gàidhealtachd a-staigh gus taisbeanadh a thoirt dhaibh air mar a tha an t-Oilthigh ag obrachadh agus mar a tha iad a' cur ris a' Ghàidhlig. **Ghabh** na Buill ris a' Phlana.

#### **GNÌOMH:**

- Cuireadh a thoirt do riochdaire bho Oilthigh na Gàidhealtachd tighinn gu coinneamh a' Bhùird gus taisbeanadh a thoirt dhaibh air mar a tha an t-Oilthigh ag obair agus mar a tha iad a' cur ris a' Ghàidhlig.

Thill MNA, DMS dhan choinneimh  
Dh'fhàg LNI, JG a' choinneamh

#### **PT3: Dreachd de phlana Gàidhlig: Comhairle Baile Dhùn Èideann (Cuairt 2)**

Thug an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd geàrr-iomradh air a' Phlana seo. Dh'innis e gun robh litir air leth taiceil air tighinn a-staigh bhon Chomhairliche Alison Dickie a tha na Teachdaire na Gàidhlig aig Comhairle Baile Dhùn Èideann. Bha am Plana math le amasan soilleir. **Ghabh** na Buill ris a' Phlana.

## 2.1. Modail Cairt Choimhearsnachdan (Pàipear 2)

Mhìnich an Ceannard an t-adhbhar a bhathas a' moladh na cairte seo. Bhiodh e a' cur taic ris is dòigh leasachaidh air dòigh don Ghàidhlig sna coimhearsnachdan. Bha am modail seo ga mholadh do na h-Eileanan Siar sa chiad àite ach bhathar an dùil a chleachdadh an sgìrean eile air a' Ghàidhealtachd is Earra-Ghàidheal.

Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear agus chaidh deasbad a chumail. Thogadh moladh gur dòcha gum biodh e na chuideachadh sùil a thoirt air suidheachadh na h-Èireann oir tha iadsan air a leithid a dhèanamh cuideachd.

Thill DML dhan choinneimh

## 2.2. Cairt Luchd-ùidhe (Pàipear 3)

Mhìnich an Ceannard gum biodh a' chairt seo ga dhèanamh nas fhasa do luchd-ùidhe a' Bhùird conaltradh a dhèanamh leis a' Bhòrd. Bhiodh tuigse nas fheàrr aca air prionnsapalan, siostaman is clàran-ama gus taic fhaighinn bhon Bhòrd. Dh'aontaich na Buill gum biodh seo feumail airson fios a thoirt do luchd-ùidhe mu t-seirbheis a tha am Bòrd a' tabhann. Dh'iarr iad gum biodh pàipear aca air modail cairt luchd-ùidhe aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran.

### GNÌOMH:

- Pàipear air modail airson cairt luchd-ùidhe ri thighinn gu coinneamh a' Bhùird sa Ghearran 2019.

## 3. BUIDHNEAN-SEIRBHEIS COM-PÀIRTEACH

### 3.1. Cùmhnantan nam Prìomh Bhuidhnean Com-pàirteach

**\*\* Dh'fhàg Buill a' choinneamh nuair a bhathas a' beachdachadh air buidheann anns an do nochd iad com-pàirt mar a tha air a chlàradh gu h-ìosal \*\***

JNG, MNU – Comhairle nan Leabhraichean  
DMS, JD, MNU – Fèisean nan Gàidheal  
AC, JD, MNU, DML – An Comunn Gàidhealach  
FD - Faclair na Gàidhlig  
MNA – Ceòlas  
JNG, MNU – Acair  
JG – Comunn na Gàidhlig  
DMS – Stòrlann

Thugadh am fiosrachadh gu h-ìosal dha na Buill gus an aonta fhaighinn na suimeannan sin a phàigheadh do na buidhnean a tha air an ainmeachadh. Bhiodh na suimeannan airson nam bliadhnaichean 2020-21 agus 2021-22 ann am prionnsapal a-mhàin a rèir adhartais agus suidheachadh ionmhais a' Bhùird. Rinneadh deasbad air gach buidheann agus chaidh aontachadh ris na suimeannan mar a bha iad air an sgrìobhadh. Chaidh moladh a dhèanamh gum biodh e inntinneach is feumail nam biodh Rob O Maolalaigh, Oilthigh Ghlaschu, a' faighinn cuireadh gus taisbeanadh a thoirt do na Buill is na prìomh bhuidhnean Gàidhlig air an obair aig DASG.

**Ghabh** na Buill ris a' mholadh seo.

### GNÌOMH:

- Rob O Maolalaigh, Oilthigh Ghlaschu, a' faighinn cuireadh gus taisbeanadh a thoirt do na Buill is na prìomh bhuidhnean Gàidhlig air an obair aig DASG.

|     |                             | 2019-20  | 2020-21  | 2021-22  | IOMLAN   |
|-----|-----------------------------|----------|----------|----------|----------|
| PT1 | Comhairle nan Leabhraichean | £179,000 | £179,000 | £179,000 | £537,000 |
| PT2 | Fèisean nan Gàidheal        | £140,000 | £145,000 | £145,000 | £430,000 |

|            |                               |                 |                 |                 |               |
|------------|-------------------------------|-----------------|-----------------|-----------------|---------------|
| <b>PT3</b> | <b>An Comunn Gàidhealach</b>  | £100,000        | £100,000        | £100,000        | £300,000      |
| <b>PT4</b> | <b>Faclair na Gàidhlig</b>    | £75,000         | £75,000         | £75,000         | £225,000      |
| <b>PT5</b> | <b>Ceòlas Uibhist</b>         | £69,000         | £69,000         | £69,000         | £207,000      |
| <b>PT6</b> | <b>Ainmean-Àite na h-Alba</b> | £60,000         | £60,000         | £60,000         | £180,000      |
| <b>PT7</b> | <b>Acair</b>                  | £57,000         | £57,000         | £57,000         | £171,000      |
|            | <b>IOMLAN</b>                 | <b>£680,000</b> | <b>£685,000</b> | <b>£685,000</b> | <b>£2.05m</b> |

Bha ceithir buidhnean ann far nach robh e comasach don sgioba dreachd de chùmhnannt a dhealbh ri linn cion fiosrachaidh. Thug Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd geàrr-iomradh do na Buill air na suidheachaidhean mu choinneamh gach buidheann.

### **Comunn na Gàidhlig**

Thuir an Stiùiriche gun robhas ag iarraidh aontachadh ann am prionnsapal bhon Bhòrd mar bhunait airson còmhraidhean a chumail le Comunn na Gàidhlig. Bithear ag iarraidh orra fòcas a chumail air obair òigridh tro na h-iomairtean, prògram leasachaidh do na h-iomairtean stèidhichte air na molaidhean a bha san sgrùdadh neo-eisimeileach a chaidh a chumail bho chionn ghoirid agus prògram leudaichte a dhealbh airson nan iomairtean (dh'fheumte airgead a bharrachd fhaighinn a-staigh bho thùsan eile airson seo) leis an amas gum biodh cothrom aig gach sgoilear ann FtG an Alba pàirt a ghabhail sna h-iomairtean. Bhite ag iarraidh orra cuideachd co-obrachadh le Comhairle nan Eilean Siar leis a' chairt choimhearsnachd agus targaidean soilleir fhaighinn mu choinneamh Sgeama Comhairleachaidh Phàrant Chomann nam Pàrant.

Rinn na Buill deasbad air seo agus ghabh iad ris na molaidhean agus thig fios air cùmhnannt air ais thuca aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran.

### **Stòrlann**

Cha robh a' bhuidheann seo air fiosrachadh gu leòr a chur gun Bhòrd agus mar sin cha b' urrainnear dreachd de chùmhnannt a dhealbh dhaibh. Dh'aontaich am Bòrd gun sgrìobhadh an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd gu Ceannard na buidhne, le lethbhreac ga chur gun Chathraiche, a' mìneachadh an adhbhair nach robh dreachd de chùmhnannt ga thabhann dhaibh aig an ìre seo agus gum feumadh iad am fiosrachadh a bhathas ag iarraidh a chur a-staigh cho luath 's a ghabhas. Thig fios air ais don Bhòrd aig a' choinneimh sa Ghearran 2019.

### **Ionad Chalaim Chille Ìle**

Cha robh a' bhuidheann seo air fiosrachadh aig ìre cheart ullachadh – cha robh buidseat no ro-aithris air cosgaisean air an deasachadh. Dh'iarr na Buill gun deigheadh litir a chur chun a' Cheannaird, le lethbhreac dhan Chathraiche aca, a' mìneachadh dhaibh cho cudromach 's a bha e gum faigheamaid am fiosrachadh seo. Thig fios air ais don Bhòrd aig a' choinneimh sa Ghearran 2019.

### **Tobar an Dualchais**

Bha a' bhuidheann seo a' dèanamh deagh obair ach cha robh iad air adhartas sam bith a dhèanamh ann a bhith a' gluasad gu bun-stèidh teicnigeach nas seasmhaiche. Bha Buill ag iarraidh gum biodh litir thaiceil a' dol a-mach thuca a bhiodh cuideachd a' mìneachadh cho cudromach 's a bha e plana agus buidseat a dhealbh gu sgiobalta agus gum biodh fòcas ga chur air prògram tar-sgrìobhaidh airson cur ri Corpas na Gàidhlig agus mar phàirt den phròiseact Faclair na Gàidhlig. Thig fios air ais don Bhòrd aig a' choinneimh sa Ghearran 2019.

### **GNÌOMHAN:**

- Tha cùmhnanntan is litrichean ri dhol a-mach gu na buidhnean a chaidh a dheasbad is a dhearbhadh.
- Tha coinneamh ri chur air dòigh le Comunn na Gàidhlig

### **3.2. Maoin Co-obrachaidh na Gàidhlig**

Thug an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd am pàipear seo gu aire nam Ball. Bha am pàipear ag iarraidh aonta bho na Buill gus loidhne buidseit ùr a stèidheachadh, luach £100,000, airson pròiseactan co-obrachaidh ùra eadar buidhnean.

**Ghabh** na Buill ris a' mholadh seo.

## **4.0 RIAGHLADH CORPORRA**

### **4.1.** Thug na Buill fa-near don mholadh a bha air am beulaibh mu Ghnàth-riaghailtean Comataidh Cor na Buidhne.

GHABH na Buill ris na Gnàth-riaghailtean.

### **GISBE – Taghadh Cathraiche Eadar-amail**

Sgaoil AMF paipear air na Buill a' mìneachadh a' phròiseis a bhiodh ann airson a bhith a' taghadh Cathraiche Eadar-mail. Thug AMF cèisean le pàipearan bhòtaidh do gach Ball, seach an Cathraiche, agus dh' iarr e orra an tilleadh thuige an ath latha ann an cèisean dùinte.

# BÒRD NA GÀIDHLIG

## Geàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird Stiùiridh

Diardaoin 06/12/2018 09.30-12.30

Hiort, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

### Na Buill a bha an làthair:

|                                 |       |
|---------------------------------|-------|
| Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) | (AD)  |
| Ailean Caimbeul                 | (AC)  |
| Dòmhnall MacLeòid               | (DML) |
| Dòmhnall MacSuain (fòn)         | (DMS) |
| Jennifer Gilmour                | (JG)  |
| Johan Nic a' Ghobhainn          | (JNG) |
| Joy Dunlop                      | (JD)  |
| Màiri T NicAonghais             | (MNA) |
| Màiri Anna NicUalraig           | (MNU) |
| Seumas Whannel                  | (SW)  |

### A' Frithealadh:

|                             |       |
|-----------------------------|-------|
| Shona NicIlinnein, Ceannard | (SNI) |
| Daibhidh Boag               | (DB)  |
| Alasdair MacFhionghuin      | (AMF) |

### Neach-amhairc:

|                                       |      |
|---------------------------------------|------|
| Dùghlas Ansdell, Riaghaltas na h-Alba | (DA) |
|---------------------------------------|------|

### Molaidhean Cor na Buidhne

Bheachdaich na Buill air a' chuspair seo an dìomhaireachd.

### Aithisg Comataidh Cor na Buidhne

*(Chaidh seo a chur ris an gearr chunntas seo an deis dearbhadh aig na coinneamh air 20/02/2019)*

Ghabh na buill a bha an làthair ris na molaidhean sa phàipear bho Comataidh Còrr na Buidhne a chaidh dheasbad aig an seisean dùinte le buill a mhàin aig toiseachd na coinneamh seo.

Thàinig an luchd-obrach is DA a-staigh don choinneimh

#### 1. Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air na Buill agus na daoine eile a bha an làthair aig a' choinneimh. Cha robh leisgeul ri chlàradh.

#### 1.2. Aithris a' Cheannaird

Thug an Ceannard fiosrachadh do na Buill air ceumannan a bhathas air a bhith a' gabhail le diofar chuspairean. Dh'innis i gun robhas an dùil a' Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig ath-stèidheachadh le Boyd Robasdan sa chathair. Bhathas air a bhith a' beachdachadh air an t-slighe air adhart airson conaltradh agus bha pàipear le molaidhean a' dol air adhart gu coinneamh Buidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig feasgar. Chaidh sgrìobhadh gun fheadhainn os cionn na Regional Improvement Collaboratives le fios mu na bha na comhairlean sna sgìrean aca a' gealltainn mu choinneamh foghlam Gàidhlig sna planaichean aca.

#### 4.3 RIAGHLADH CORPORRA (Pàipear 8)

##### Poileasaidhean Sgiobachd

Chuir Ceann nan Seirbheisean Corporra còig poileasaidhean sgiobachd mu choinneamh nam Ball airson an aonta. Chaidh gabhail riutha mar a leanas:

**PT1 Poileasaidh a thaobh Urraim san Àite-obrach – Aonta**

**PT2 Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta**

**Air Aontachadh**, ach chaidh a mholadh gum biodh seisean trèanaidh air a thoirt don luchd-obrach a' mìneachadh gu soilleir mar a bu chòir dhaibh a bhith a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta.

**PT3 Poileasaidh Trèanaidh is Leasachaidh - Aonta**

**PT4 Poileasaidh airson Chùisean-gearain - Aonta**

**PT5 Poileasaidh Pàighidh is Shochairan**

**Aonta** – ach aonta gum biodh cunntachalachd air a sgrùdadh le Comataidh Cor na Buidhne.

Dh'innis Ceann nan Seirbheisean Corporra gun robh dùil ri Portal ùr tràth sa bhliadhna ùir a bhiodh a' dèiligeadh ris a' mhòr-chuid de chùisean sgiobachd – saor-làithean, siubhal, ùine dheth is msaa.

#### **GNÌOMH:**

- Seisean trèanaidh a thaobh nam meadhanan sòisealta a chur air dòigh airson daoine a chumail ceart.

#### **4.4 Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd (Pàipear 9)**

Thug na Buill **fa-near** don fhiosrachadh seo.

#### **4.5 Coileanadh a' Phlana Ghnìomh (Pàipear 10)**

Thug Ceann nan Seirbheisean Corporra am pàipear mu choileanadh a' Phlana Ghnìomh gu aire nam Ball. Thog na Buill dragh mun ghainnead luchd-obrach gu sònraichte aig àrd-ìre. Thèid beachdachadh air an t-suidheachadh a thaobh conaltradh is ro-innleachd conaltraidh aig coinneamh Buidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig feasgar ach dh'iarr na Buill gum biodh pàipear a' tighinn thuca aig an ath choinneimh den Bhòrd sa Ghearran le structar airson nan dreuchdan a bha bàn ann am Foghlam is an Conaltradh.

#### **GNÌOMH:**

- Pàipear ri dhol don Bhòrd sa Ghearran 2019 le structar airson nan dreuchdan a bha bàn ann am Foghlam is an Conaltradh.

#### **5 RIANACHD CHUNNARTAN (Pàipear 11)**

##### **Rianachd chunnartan**

Chuir Ceann nan Seirbheisean Corporra an clàr-chunnartan mu choinneamh nam Ball. Dh'innis e dhaibh mu na h-atharraichean air na h-ìrean cunnairt a bha an Sgioba Stiùiridh a' moladh. Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh seo ach bha iad a' moladh gum biodh an ìre aig CO5 (gainnead luchd-obrach) nas àirde. Cuideachd, bha na Buill den bheachd gum biodh e nas goireasaiche nam biodh lethbhreac cruaidh den phàipear seo ga chur thuca ro gach Coinneamh Bùird.

#### **GNÌOMH**

- Lethbhreac cruaidh dhen Chlàr-chunnartan ri dhol a-mach gu na Buill ro gach Coinneamh Bùird

#### **6 IONNSACHADH**

##### **Leasachadh ionnsachadh Inbhich (Pàipear 12)**

Mhìnich an Ceannard na bha san amharc leis a' phròiseact seo. Bhathas an dùil Manaidsear Ionnsachaidh a stèidheachadh aig Sabhal Mòr Ostaig gus adhartas a thoirt air na molaidhean a bha ann an "Ar Slighe gu Fileantas" agus gus LearnGaelic.scot a neartachadh.

Rinneadh beagan deasbaid air seo agus bha ceistean aig na Buill agus bha barrachd fios a dhìth orra agus mar sin cha robh e comasach dhaibh aonta a chur ris a' phàipear seo. Dh'iarr iad gum biodh am pàipear air a chur mun coinneimh a-rithist san Ghearran le barrachd fiosrachaidh air na ceistean a bha iad air a thogail.

**Cha do dh'aontaich** na Buill ris a' phàipear seo.

#### **GNÌOMH**

- Pàipear le barrachd fiosrachaidh ga chur a-staigh gu coinneamh a' Ghearrain

## 7 IONMHAS

### Aithisg Ionmhais gu 31-10-2018 (Pàipear 13)

Thug an Ceannard an Aithisg Ionmhais gu aire nam Ball. Dh'innis i gun robh cruth na h-aithisge air atharrachadh gus a bhith a' sealltainn mar a tha cosgaisean a' seasamh mu choinneamh nam buidseatan agus a' sealltainn eas-aonta.

Thug na Buill **fa-near** don fhiosrachadh anns an aithisg.

## 8 CLÀR CONALTRAIDH (Pàipear 14)

Thug na Buill **fa-near** don fhiosrachadh.

## 9 DREACHDAN DE GHEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS BUIDHNEAN-OBACH

**PT1 A' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan**

**PT2 A' Chomataidh Ionnsachaidh**

**PT3 Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig**

**PT4 Comataidh Cor na Buidhne**

**PT5 Buidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig**

Thug na Buill **fa-near** don fhiosrachadh a bha anns na geàrr-chunntasan.

## 10 Ceann-latha na h-ath choinneimh

20&21 Gearran 2019 – Inbhir Nis

## 11 GISBE

### A' Taghadh Cathraiche Eadar-amail

Bhruidhinn Ceann nan Seirbheisean Corporra mun phàipear a bha e air a chuariteachadh air na Buill a' mìneachadh a' phròiseis airson Cathraiche Eadar-amail a thaghadh is mar a tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur an uallaich air a' Bhòrd Stiùiridh a' bhith a' taghadh a' Chathraiche Eadar-amail bho am measg nam Ball fhèin.

**Dh'aontaich** na Buill ris a' phròiseas thaghaidh mar a bha e air a mhìneachadh dhaibh sa phàipear aig AMF.

Chaidh iarraidh air an aon tagraiche, a bha air aontachadh an t-ainm aca a chur air adhart airson an thaghaidh, facal no dhà a ràdh, ris na Buill.

**Dh'fhàg AMF, SNI,DB,DA,CS a' choinneamh**

Às dèidh do MNA bruidhinn, thill AMF don t-seòmar agus thug na Buill dha na cèisean bhòtaidh aca gus dearbhadh co-dhiù a bha no nach robh iad a' toirt an taic don tagraiche. An dèidh cunntadh nam bhòtaichean am fianais an neach In-Sgrùdaidh, thill AMF is an Neach In-Sgrùdaidh Ailig Greumach còmhla ris don choinneimh agus dhearbhadh AMF don Bhòrd Stiùiridh gun d'fhuair an tagraiche MNA taic bhon mhòr-chuid, agus mar sin gum biodh i ga cur an dreuchd mar Chathraiche Eadar-amail bhon 1 Faoilleach 2019. Chur na Buill meal-a-naidheachd air MNA.